







P

H.M. 8.

Jyha - 1. 8.





GEARR-CHUNNTASAN

AIR

x

NEW ZEALAND.

AIR SON FEUMA LUCHD-IMRICH.

LEIS AN

URRAMACH P. BARCLAY, M.A.,

A BHA ROIMH SO 'N A MHNISTEAR 'AN NEW ZEALAND.

IAR EADAR-THEANGACHADH GU GAELIC.

DUNÉIDEANN:

AIG 64 DROCHAID A DEAS,

MAC-LACHLAINN AGUS STIÙBHARD.

MDCCLXXII.



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

258

GEARR-IOMRAIDHEAN AIR NEW ZEALAND.

I.

'FHAOTAINN A MACH AGUS 'AITEACHAS.

FHUARADH a mach *New Zealand* 's a' bhliadhna 1642, le *Tasman*, seòladair Duitseach.

Faodair a ràdh gu robh e air ath-fhaotainn a mach 's a' bhliadhna 1769, le Caiptein *Cook* ainmeil, a sheòl troimh na caolasan a tha fathast air an ainmeachadh air, agus a leag 'acair aig iomadh rudha dheth 'n oirthir. Mar bu ghnàth leis, dh' fheuch e aig an àm sin, 's air a chuirtean 'an déigh sin, ri buannachd muinntir na dùthcha 'chur air aghart, le bhì fàgail sìl 'us luibhean, mucan 'us feudail aca. Bha so feumail ann an tìr anns nach robh beathach allaidh dùthchasach nì bu mhò na radan, agus far an robh, ged bha fàs luibhean anabarrach, gainn' air pòr 's air lusan a bhiodh freagarrach air son lòn.

Ré leth-cheud bliadh'n' 'an déigh sin, thòisich malairt 'us comh-chomunn air-cinntinn eadar *New South Wales*, a bha gu ìre mhath air 'àiteachadh, agus *New Zealand*.

Thàinig a' cheud searmonaichean o *New South Wales* 's a' bhliadhna 1814, agus goirid 'an déigh sin tuilleadh á Sasuinn, a thòisich air aidunheil a chreidimh Chrìosduidh 'theagasg do mhuinntir na dùthcha. M' a chuirtean do 'n àm cheudna, agus ré fhichead no dheich bliadhna fichead 'an déigh sin, shuidhich-eadh iomadh Comunn beag 'an so 's 'an sud air cladaichean na tìre. Bha iad sin air an deanamh suas gu h-àraidh deth sheòladairean, luchd marbhaidh mhucan-mara, 's fir thional toraidh, a' fhuair uile obair air chor-eiginn leis an robh iad air am beathachadh. Leig mòran long, gu h-àraidh luingeas air tòir mhucan-mara, air tàthachadh nam bàgh 's nan acairseid air son chrann, spàrr, lòn, &c. Mar so thàinig an dùthaich a chuid 's a chuid gu bhì n' a b' fheàrr air a comharrachadh ann a' Sasuinn, far an robh a nis mòr iomradh air a calachan grinn, a coilltichean òirdhearc, a talamh torach, 's a h-àileadh¹ slàinteachail. Uaithe so dh' éirich

¹ Roinn-uarach.—*Climate*.

togradh a suas gus an tìr àiteachadh gu riaghailteach. Mar so chuireadh 'an òrdugh 's a bhliadhna 1838 cuideachd chumhachdach a dhaoin' aithnichte 'rinn suas Comunn *New Zealand*ach. Ann an ùine ghoirid an déigh so, rinn an Uachdaranachd Bhreatainneach ùr-threabhachas dhoibh féin dheth, 's chuir iad a mach Caiptein *Hobson*, R.N., mar an ceud Riaghladair, 'us stéidhich e 's a' bhliadhna 1840, am bail' *Auckland*, a bha gu bhì 'n déigh sin 'n a phrìomh-bhail' air an abhainn *Waitemata*. Lean e mar so àireamh bhliadhnachan, gus am facas iomchuidh àite-còmh-nuidh na Flaitheachd atharrachadh gu *Wellington*, àite bu ghoireasaich air taobh tuath Chaolasan *Chook*.

Eadar na bliadhnachan 1839 agus 1843, air do 'n Chomunn *New Zealand*ach iomadh earrann fhearainn a cheannach air dà thaobh Chaolasan *Chook*, thug iad a mach buidhmean a luchd-imrich. Thòisich iad so air socrachadh ann a *Wellington* agus *Nelson*, *Wanganui* agus *Taranaki*, àiteachan a shoirbhich uile ach *Taranaki*, a bha air a chumail air ais leis a' chogadh a dhùisg prìomh-mhuinntir na dùthcha.

'An déigh aimsir deth mhòr thrioblaidean (1841-45) a bha gu h-àraidh air an toirt m' an cuairt le mi-chòrdadh, a dh-éirich suas eadar an Comunn *New Zealand*ach agus Seòmar-gnothuich an luchd-imrich 'an Sasuinn, ni air an robh am prìomh-luchd-aitichidh (*natives*) làn fhiosrach, no 'theagaisgeadh dhoibh chum cothrom a ghabhail air, dh' ath-bheothaichheadh malairt 'us tuathanas. Ach bha fathast cho beag fiosraichidh mu dhéighinn *New Zealand* ann an Sasuinn, agus mhothaich a' mhuinntir a chuir suas ann a leithid a chall ré na h-aimhreit so, 's nach robh luchd-imrich a ruigheachd ach gle mhall. Bha aire mhòran a nis air a taruing a dh-ionnsuidh an Eilean a Deas, far, anns a' bhliadhna 1846, an do shuidhicheadh tuineachas Albannach ann an *Otago*, agus ann an 1850 tuineachas Shasunnach ann an *Canterbury*. Chaidh a' cheud àite dhiu sin air aghart gu socrach ré bhliadhnachan, an dràs'd 's a rithist a' faotainn leasachaidh sluaigh á Alba; ach cha robh a shoirbheachadh cho fìor bhras gus a' bhliadhna 1860, 'n uair a fhuaradh òr ann am mòr phailteas. Dh' éirich àireamh an t-sluaigh a nis suas o 10,000 gu fagasg air 65,000, 's ged dh' fhalbh uibhir dhiubh gu raointean òir eile, tha fathast ann, a' gabhail a steach maraon Mòr-roinn *Southland*, mu chuairt 'us 62,000.

Bha Mòr-roinn *Canterbury* air a shuidheachadh anns a' cheud dol a mach, le sluagh rud-eigin ni bu bheartaich á Sasuinn; agus air dha bhì 'n a laidhe faisg air *Otago*, phàirtich e leis an àite sin a' bhuanachd a bha 'g éiridh suas o bhì reic bathair ri luchd-cladhaich an òir. Ach an taobh a staigh a bheagan bhliadhnachan fhuaradh òr ann am mòr phailt eas ann féin, air an oirthir an iar dheth. Thionail mòr shluagh 'an so ann an

ùine gle ghoirid, agus air do 'n earrann sin deth 'n Mhòr-roinn a bhì air a dealachadh o na réidhleanan an ear, le cùrsa deth bheanntaichean garbha, bha e air a chur air leth agus air a thogail gu bhì 'n a shiorramachd, no 'na dhùthaich *Westland*.

Mu 'n àm so bha iomadh àiteachas 'g a chur suas 'an so 's 'an sud air an oirthir araon anns na h-Eileinibh a Tuath agus a Deas. 'S e àite bu thoirteile dhiubh sin *Napier* ann a *Hawke's Bay*, mu chuairt do 400 mìle 'n ear-dheas o *Auckland*. Bha so maille ris an tìr timchioll dha air a dhealachadh's a' bhliadhna 1858 o Mhòr-roinn *Wellington*, 's air àrdachadh 's air a thogail gu bhì 'n a shiorramachd no 'n a thìr *Hawke's Bay*.

Ré ùine bha e aithnichte gu robh òr 'am pailteas ann an Gleann *Thames*, 's ann am fearann *Choromandel*, ann am Mòr-roinn *Auckland*, ach an so bha e gu h-àraidh air fhaotainn ann an cloich chruaidh éiteig, ni 'dli' fhàg a chosnadh gle dheacair agus cosdail. Gidheadh, chaidh Comunnan 'an comb-bhoinn, agus b' i 'chrioch gu-n d' fhuaradh mòran òir. Lionmhoraich an sluagh air ball air feadh an fhearainn, agus stéidhicheadh moran fhrith-bhailtean le 'm fearann comh-roinn, air am beil *Southland* 'n a cheann.

II.

A MHEUDACHD AGUS A SHUIDHEACHADH, ETC.

Tha *New Zealand* a sgaoileadh a mach o 34° gu 48° air an taobh deas dheth cearcall meadhoin na talmhainn, anns a' Chuan Shiothchail a deas, agus o 166° gu 179° an ear air Lunnuinn; mar so tha 'shuidheachadh air aghaidh na cruinne faisg air a bhì mu choinneamh Bhreatuinn air an taobh eile. Tha e air a dheanamh suas a dhà eilean mhòr, an t-eilean a Tuath 's an t-eilean a Deas, maille ri eilean an Stiùbhardaich. A thuilleadh orra sin, tha eileinean beag' eile 'n an laidhe dheth an oirthir, 's theirear ris a chuid a 's sònraichte dhiubh Grunnan eilein Chatham.

'S e fad *New Zealand* o 'n ear-thuath gu 'n iar-dheas 1,100 mìle, 's tha 'leud eug-samhuil, o aon mhìl' aig *Auckland*, gu ruig pailt 200 mìle bho Bhàgh na Gainne (*Poverty Bay*) gu *Plymouth* Nuadh. Tha timchioll na h-oirthir 'tha air eaga-chadh le iomadh bàgh agus cuid a dh-acairseidean teàruinte, mu chuairt 'us 3,500 mìle. 'S e meudachd na h-uile faisg air 105,000 mìle ceithir-chearnach; agus mar so cha-n 'eil an t-ìomlan a bheag ni 's lugha na Alba, Sasuinn agus Eirinn.

'S e 'n t-astar a th' eadar e agus tìr mòr Australia bho 1,200

gu 1,500 mìle, agus tha e gu h-ìomlan cadar-dhealaichte bho 'n tìr sin ann a' riaghladh 's an reachdan. Tha e 'n a ùr-threabh-achas air leth 'an comh-chrochadh ri Impireachd Bhreatainn, 's a' Riaghladair, a tha air a shonrachadh leis a' Bhan-rìgh, air a chuideachadh le Comhairle chumhachdaich, Comhairle Lagh-thabhairteach, a dhà fhichead fear air an taghadh leis an Riaghladair; agus le Buidhean deth luchd-ionaid, trì fichead fear 's a cuig deug air an taghadh leis an t-sluagh an ceann gach cuig bliadhna. Tha 'n tìr, os barr, air a roinn 'na h-ochd Mòr-roinnean, agus gnothuichean gach aon diubh air an stiùradh le Riaghlair agus Comhairle Mòr-roinneach.

'S e 'n àireamh dhaoine geala th' ann an *New Zealand* 260,000, 's tha 'n uibhir sin ann an Dunéideann 's a' Lìte.

III.

PRIOMH-MHUINNTIR NA DÙTHCHA.

THÁINIG na *New Zealandaich*, no na *Maories*, mar their iad féin 'us muinntir eile, a réir an seanachais féin, à *Hawaiki*, o chionn timchioll air cuig ceud bliadhna.

Mheudaich an àireamh gu bras anns an tìr mhòir agus thoraich a dh-ionnsuidh an tàinig iad, ged nach do ghabh iad ach cothrom gle bheag dheth a tharbhachd gus an taobh a staigh dheth na trì fichead bliadhna 's a deich mu dheireadh. A' toirt breith a réir an sgeulachdan féin, agus na comharraidhnean a tha ri 'm faicinn dheth am bailtean, cha b' urrainn an àireamh shluaigh bhì ni bu lugha na 150,000. Ach gu tubaisteach thug iad cuide riu féin an droch cleachdùinean, agus am miann air cogadh, agus thòisich an àireamh mar so air dol gu grad 'an lughaid: agus tha iad fathast a sior lughdachadh, gu h-àraidh a chionn iad a bhì leantuinn ri 'n seann ghnàthachadh, agus ann an cuid le iad a bhì air an cumail aineolach agus air an iom-ruagadh 'n leth-cheud bliadhna 'chaidh seachad. Cha-n urrainn a nis a bhì ann diubh os cionn 38,000, dheth 'm beil mu 2,300 'n am buidhnibh air feadh an Eilean a Deas, agus mar sin a chuid a 's ro mhò dhiubh air an sgapadh thar an Eilean a Tuath.

Bha Teachdairean Crìosdail air an cur 'n am measg o chionn iomadh bliadhna. Cha do shoirbhich iad sin ach glemheadhonnach 's na beachdan a b' àirde 'bh' aca. Ach ged tha e gle dhuilich atharrachadh a dheanamh air cleachdùinean 's air deas-ghnàthan sluaigh, gidheadh bha na teachdairean sin 'n am meadhon, maille ri cumhachdan eile, air cuir a mhàn ghuàths pàganach, agus, gu ìre mhòir, air leasachadh an staid.

Gu mi-fhortanach, dh' éirich connsachadh 's a' bhliadhna 1859, eadar iad féin agus a' Fhlaitheachd, mu fhearann ann am Mòr-roinn *Tharanaki*, 's o 'n nach deach an deasbud sin a shocrachadh gu càirdeil, thòisich cogadh, a sgaoil a chuid 's a chuid air feadh earrainn mhòir dheth 'n Eilean a Tuath. Beagan bhliadhnachan roimhe so chaidh rìgh dùthchasach a chur suas ann an tìr *Waikato*, agus ged nach do ghabh an rìgh agus a chuideachd pàirt fhollaiseach sam bith anns a' chogadh, gidheadh dh' aom so chum cùisean amladh. Aig an àm so dh' éirich suas fàidhe meallt' a chuir ri chéile measgachadh neònach a dhall-bheachdan Pàganach agus Iùdhach, 's aig an robh mar leithsgeul a bhi fo theagasg neamhuidh, agus mar sin a shoirbhich ann a faotuinn mòrain a luchd leanntuinn, cha-n ann a mhàin as na treubhan iomallach, ach mar an ceudna as an aitim sin dhiubh a bha ré ùine 'cumail co-chomuinn 'us malairt ris na sealbhadairean a chaidh á rioghachdan eile 'n am measg. Aig an àm so rinn a h-uile treubh a bha air feadh nan eilean an creidimh Crìosduidh aideachadh gu follaiseach, ged thuit cuid dhiubh air an ais gu pàganachd an déigh sin.

Rinn an dream so, le 'n deas-ghnathan oillteil 's le 'n buirbe sgreataidh, a bha air an stiùireadh, cha-n ann a mhàin 'an aghaidh nan sealbhadair, ach mar an ceudna 'an aghaidh na codach sin dheth an luchd dùthcha fein a lean ri na laghan Breatuinneach, cùisean amladh ni bu mhò 's ni bu mhò. Ged bha iomadh lasachadh an dràs 's a rithist 's a' chonnsoid, anns na thachair cuid a chùisean gle mhuladach, gidheadh mhair i mu 'n cuairt a dheich bliadhna. Ach tha 'n cogadh a nis air teachd gu ceann, ged tha na maoir armaichte fathast air tòir *Te Kooti*, agus fear no dithis a chinn-fheadhn' an luchd ceannaire. Tha 'mhuinntir sin do 'n aithne *New Zealand* ag radh nach 'eil coslas sam bith gu-n ath-nuadhaich prìomh-mhuinntir na dùthcha buaireas 'an déigh so, oir dh' fhuiling iad uiread 's gum beil mòran dheth na treubhan a bha naimhdeil iar géilleadh, agus tha 'm beagan dhiubh nach do strìochd a' tighinn gu thuigsinn cho eu-dòchasach 's tha dhoibh a bhi leantuinn na còmhstri. Tha iad fathast a' sealbhachadh mòrain talmhainn, mòran ni 's mò na 's urrainn iad gu bràth a chuir gu buil. Tha cuid dheth an talamh so air mhàl aig a' mhuinntir a chaidh 'n am measg, 's a tha 'toirt dhoibh tuarasdail mhòr' air son deanamh rathadan, lomradh chaorach, &c.

Ann am freagairt chunntasan a bha o àm gu àm air an craobh-sgaoileadh anns an dùthaich so, faodair a radh gu h-aithghearra, nach do shàruich an dream a chaidh 'n am measg prìomh-mhuinntir na dùthcha riamh. 'An ceart aghaidh sin, 's e 's coltaich mur biodh an Rìaghladh Breatuinneach air a chur air chois ann, gum biodh an ginealach gu h-ìomlan air a sgrìos

roimhe so, le 'n cogaidhean sior-mhaireannach, 's le 'n gnàthsan brùideil féin,—gu h-àraidh ann a bhi cur gu bàis an naoidheanan nighean, ni bha aig aon àm gle chumanta 'n am measg. Ach tha 'n cleachdaidhean a nis air atharrachadh gle mhòr. Anns na ceàrnan 'tha fagus air àiteachas nan Roinn-Eòrpach, tha 'n teachd air aghaidh ann a' riaghailt 's 'an deagh-bheusan air fhaicinn gu soilleir anns gum beil am fàrdaichean ni 's òrdaile, 'm feadh a ta 'chuid a 's oidheirpiche dhiubh 'tarruing teachd a staigh gle thaitneach o ghabhailean-chaorach, 's obraichean gnìomhach eile.

IV.

TUAIRISGEUL COITCHIONN.

TÒISICHIDH sinn le cuid a bheachdan air an àileadh (*climate*).

Tha barailean gle eadar-dhealaicht' air an tabhairt air àileadh *New Zealand*, ach tha cumadh agus suidheachadh nan Eilean a' cur soluis air na beachdan eug-samhuil sin. A chionn gum beil iad cho fìor fhada, 's nach 'eil an leud gle mhòr, 's fheudar gum bi atharrachadh 's an àileadh, dìreach mar tha eadar taobh tuath Albainn agus taobh deas Shasunn. Mar so, am feadh a ta 'n t-Eilean a Tuath freagarrach air son fàis òr-ùbhlan (*oranges*), agus mheas eile a bhuineas do rioghachdan tethe, tha 'n t-Eilean a Deas 'n a àileadh gle choltach ri Sasunn. Bi 'dh e ìomchuidh 'thoirt fo air' an leughadair, o 'n tha *New Zealand* 'n a hùidhe air taobh deas Crìos-meadhoin an t-saoghail, gum beil a' Ghrian a' siubhal 'n a cuairt air an taobh a tuath dheth; uime sin their an sluagh a th' ann, an àirde tuath bhlàth, ghrianach, agus cha-n e 'n àirde deas bhlàth, ghrianach. Cha-n 'eil an sneachd', a tha gle ainmig ri 'fhaicinn ann an earrann sam bith dheth 'n Eilean a Tuath, ach a mhàin air na h-aonai-chean a 's àirde, gle neo-chumant' ann an Otago, no gu dearbh air oirthir an Eilean a Deas uile, far am beil na beanntaichean ag éiridh gu àirde 12,000 no 13,000 troidh, mu chuairt 'us trì àirde Beinn-Neimhis. Ann a bhi 'labhairt gu coitichionn, faodair àileadh an Eilean a Deas a shamhlachadh ri mar tha sin ann an Sasunn, am feadh a ta àileadh an Eilean a Tuath cosmhuil ri sin anns a' Fhraing, ged tha e saor o 'n anabarra teas 'us fuachd do 'm beil an dùthaich sin buailteach. Oir air do *New Zealand* gun a bhi gle leathann ann an àite sam bith dheth, tha 'n t-àileadh air a leasachadh le na cuaintean timchioll air, 's le na gaothan àrda nach 'eil idir ainmig ann. Aig bail' *Auckland*,

a tha, cosmhuil ri Corinth, air a shuidheachadh eadar da mhuir, tha 'n t-àileadh àitidh agus blàth: ach an taobh a staigh dheth 'n Mhor-roinn fharsuing a tha 'giùlain an ainme sin—*Auckland*—tha e 'g eadar-dhealachadh gle mhòr, agus gidheadh cha-n 'eil ach tearc a dh-àiteachan air an t-saoghal a tha 'scalbhachadh àileadh cho taitneach ri Bagh a Phailteis (*Bay of Plenty*) agus ri *Turanga* no Bàgh na Gainne (*Poverty Bay*). Ann am mor-roinn *Hawke's Bay*, far am beil na neòil-uisge air an glacadh, 's air an tràghadh, le beanntaichean cloich-aoil Ruahine air an taobh an iar, tha e tioram, teth 's an t-samhradh, ach 's ann ainmig tha e mi-thaitneach. Ann a' *Wellington*, far am beil gaothan làidir gu tric a' séideadh troimh Chaolasan *Chook*, tha 'n còrr a nàdur beothachaidh 's an àileadh na th' ann aon dheth na mor-roinnean sin. An taobh a staigh na mòr-roinne, 's air an oirthir timchioll *Wanganui*, tha ni 's mò dh' àitidheachd na tha air an oirthir an ear, ach a mhàin ann an tomhas a tha 'g a dheanamh 'n a aon dheth na h-earrannan tuathanais a 's fhearr ann an *New Zealand*. Faodair an tuairisgeul ceudn' a cho-chur ri *Taranaki*, dheth 'n gairnear Lios *New Zealand*. Tha anns an earrann an iar-dheas deth 'n mhòr-roinn, agus ann a' *Westland*, a' gabhail a staigh raointean òir Hokotika, cus gaoith 'us uisge. Ann an *Canterbury*, air taobh an ear an Eilean a Deas, tha 'n t-àileadh mòran ni 's fhearr, ged tha 'n t-anabarra teas 'us fuachd ni 's ro dhéin' ann na tha e anns na mòr-roinnean eile, do bhrìgh nan gaoth fhuar a tha 'séideadh a mhàn 's a gheamhradh o na beanntaichean sneachdach, agus nan gaoth theth th' air uairibh a' séideadh 's an t-samhradh, 's aig am beil làn chothrom air sguabadh còmhnardan farsuing *New Zealand*. O shuidheachadh Dhunedin 'am measg nam beanntaichean a tha 'g a chuairteachadh, cha-n 'eil an t-àileadh ann cho taitneach; ach anns a' chuid eile dheth mòr-roinn Otago, dheth 'm beil e 'n a àrd-bhaile, tha e mòran ni 's fheàrr.

Bu chòir a thoirt fanear ann an comh-dhùnadh na h-earrann so dheth 'n tuairisgeul, gum beil ceò, ach ann a *Westland* a mhàin, gle ainmig ri 'fhaicinn ann a' roinn sam bith dheth *New Zealand*. Faodaidh so a bhì 'n a aon aobhar a measg iomadh cion-fàth eile, gum beil an tìr sin cho anabarrach fallain. 'An cumantas, tha àileadh *New Zealand* deth ghnè cho freagarrach ri càileachdan Bhreatuinneach, &c., air son ath-neartachaidh nan euslainteach, 's cho ion-mhiannaichte do thuathanaich 's do bhuaichillean, 's gum faodair a ràdh gur i aon dheth na tìrean a 's grinne air uachdar an t-saoghail. Tha 'n t-Ollamh *Thomson*, nach maireann, a bh' ann a' réisimeid Bhreatuinneach, 's a bh' air a shuidheachadh iomadh bliadhn' ann an *New Zealand*, a daingneachadh so ann a' leabhar a sgrìobh e air an dùthaich sin, far am beil e 'dearbhadh na baralach sin, le bhì 'g innse 'n

àireamh a bha tinn 's a bhàsaich am measg nan saighdear; 's cha-n 'eil comharradh eile 's fhearr na sin gu breithneachadh fallaineachd tìre. Chaidh iomadh neach anfhann, agus fo thinneas caitheimh gu ruig *New Zealand*, gu sònruicht' air son sin, 's mur do ghabh an eucailean greim bàsmhor dhiubh, mar bu trice dh' ath-bheothaicheadh iad gu neart 'us comas air son dhleasannasan na beatha. Cha-n 'eil mòran teagaimh nach tig *New Zealand* gu bhì 'n a àiteleighis nì 's iomraidiche na carrann sam bith eile dheth Australasia, s gu-n togair aig Rotorua, le a leuman uisge, 's le 'àitean-ionnlaid blàtha, baile dh' ionnsuidh 'm bì, an taobh a staigh a bhèagan bhliadhnachan, cruinneachadh mòrain sluaigh, mar a tha iad air an taobh so dheth 'n t-saoghal a dol gu *Harrowgate*, Drochaid Allanish, *Aachen Kissengen*, agus Srath-Feothair. Chaidh mòran oifigeach, 's a dhaoin' eile as na h-Innsean gu ruig *New Zealand*, ann an tomhas air son an slàinte, 's ann an cuid a chionn gu faod iad a bhì beò nì 's saoir' ann na ann a Sasuinn, agus mar an ceudna do bhrìgh gum faigh iad an cuid airgid a chur gu buil nì 's fhearr an.

Theid sinn a nis air aghaidh le tuairisgeul coitcheinn na dùthcha.

A' toiseachadh leis a' chuid a 's fhaide tuath dheth *New Zealand*, tha 'n tairbeart a tha sìneadh a mach mu chuairt 'us dà cheud mìle tuath air bail' *Auckland*, air a shamhlachadh ris a chuid eile dheth *New Zealand*, mar a choimeasar *Devon* ris a chuid eile dheth Sasuinn. Tha aghaidh na tìr' eagsamhail, le sreathan a dh-aonaichean àrda, 's le bàghan farsuing. Aig dol a staigh nam bàgh sin, tha cuid dhiubh gle chumhang, eadar creagan àrda, gruamach, ach air an taobh a staigh, tha iad a' sgaoileadh gu leathunn, agus mòran dheth 'n cuid acairseid aig beul aibhnichean mòra. Tha 'n *Kaipara* a' sgaoileadh a mach 'n a mòran mheur 's a' gabhail a staigh iomadh abhainn, 's dhiubh sin tha 'Wairoa domhain gu leòr, fad leth-cheud mìle, air son luingeas mheadhonach mhòr'. Do bhrìgh gum beil a chuid mhòr dheth 'n dùthaich timchioll so air a còmhdachadh le coilltichean *Kauri*—fiodh luachmhor—tha mòran sluaigh ag obair, a' gearradh, a' deasachadh, 's a' reic an fhiodha, ré iomadh bliadhna. Tha 'n obair cheudna air a giùlan air aghart 'an iomadh àit air an oirthir. B' e Bàgh nan Eilean (*Bay of Islands*) le 'chala ciatach anns an tairbeart an ear-thuath, a' cheud àite 's an d' rinneadh tuineachas, 's anns na chuir teachdairean an t-soisgeil suas an toiseach ann a' *New Zealand*, ach a chionn nach 'eil am fearann ann a' so gle fharsuing, 's gum beil àite-còmhnuidh na Flaitheachd aig acairseid sgèimheach *Waitemata*, tha 'n carrann sin air a cumail air ais o theachd gu àirde mhòir ann an seadh malairt no oibre. Tha 'n tairbeart gu h-iomlan, le a glinn lionmhoir, thoraich, air a deagh uisgeachadh. Air a

feadh tha iomadh àiteachas beag, mar a ta *Albertland*, *Wangarei*, *Hokianga*, *Wangaroa*, *Matakana*, *Monganui*, agus eadar iad sin agus *Auckland* tha co-cheannachd air a giùlan air aghart le bàtaichean-toit' agus loingeas bheag eile, 's tha rathad-iaruinn 'g a dheanamh eadar *Auckland* agus *Kaipara*. Tha àiteachas gle mhòr aig *Waipu*, deth Ghàidheil Albannaich, a chaidh an toiseach gu ruig *Nova Scotia*, agus á sin gu ruig *New Zealand*, far an d' fhuair iad talamh mòran ni b' fhearr, agus àileadh ni b' fhallaine.

Tha 'm bail' *Auckland*, a th' air a shuidheachadh, eadar aibhnichean a tha so-sheòlaidh, air a thogail air a' *Waitemata*, a' fosgladh ris an àird' an ear, agus faisg air tha cala *Mhanukau* fosgailte ris an àirde 'n iar. 'S e 'n aireamh shluaigh th' ann, a' gabhail a staigh maille ris Parnell agus *Newton*, mu chuairta 's 21,000, am feadh a ta 10,000 eile 's na frith-bhailtean 'an taobh a staigh a dheich mìle dha, mar a ta *Otahuhu*, *Onehunga* (le 'phort air a *Mhanukau*), *Howick*, &c. Ann an ùin gun bhì fada, 's fheudar gum bi *Auckland* (le 'shuidheachadh cho freagarrach do *Australia*, agus eadhon do *America* a Tuath agus a Deas), 'n a aon dheth na h-àiteachan ghnòthuichean 'us malairt a 's mo bhios aig dùthchannan nan Cuan a Deas. Tha mar thà laimhrig (*wharf*) ro ghrinn ann, aig am faod na loingeas a 's mò laidhe, taighean-stòir seasmhach, agus iomadh taigh coitchionn a th' air an seilbheachadh mar eagluisean, taighean tasgaidh airgid, seòmraichean ghnòthuichean na Flaitheachd, &c. Tha e, mar dh' fhaodair a radh mu bhailtean *New Zealand* 'an cumantas, na bhaile ni 's grinne, 's ni 's glaine, na bailtean dheth a mheudachd ann a Breatuinn.

Dlùth dha, air an taobh a deas, mu 'n cuairt do *Thamaki* agus *Otahuhu*, tha dùthaich ghrinn a dh-fhearann tarbhach, air a deadh dhion le callaidean fiodha, agus gle mhath air a h-àiteachadh. A deas ni 's fhaide fathast, agus tha sinn a dlùthachadh air tir *Waikato*, air rathad ciatach dà fhichead mìle dh' fhad. An taobh a staigh a bhliadhna no dhà, tha dòchas agam gu-n crìochnaichear gu ruig am *Bluff* an rathad iaruinm a tha 'g a dheanamh 's an àite so. Ann an sin tha 'n abhainn mhòr *Waikato*, a dh-fhaodair a sheòladh ceudan mìle, a tionndaidh a dh-ionnsuidh na h-àird an iar, agus a' dol anns a' mhuir beagan a deas air a' *Mhanukau*.

'S e *Waikato* aon dheth na ceàrnan a 's grinne ann a' *New Zealand*, agus ged tha prìomh-mhuinntir na dùthcha fathast lionmhor ann, gidheadh tha Europeanaich an déigh tòiseachadh air taomadh a staigh ann. Tha *Ngaruawakia* (àit adhlacaidh rìgh Maorach dheth 'n ainm sin) *Alexandra*, agus iomadh frith-bhail' eil' a' fàs suas an am mòr thoirt, air na h-aibhnichean air am beil sligh' fhosgailt aig luchd malairt, &c. Tha taighean

tasgaidh airgid, agus eagluisean a chaochladh sheòrsachan 'g an cur suas, agus tha carbad (*a coach*) a' fàgail *Auckland* na h-uile latha, air son *Ngaruawahia*. Ach cha-n urrainn gum beil tuilleadh 'us beagan mhiltean sluaigh anns a' cheàrn so gu h-ìomlan, ged tha i mòr gu leòr gu cumail beò a dhà no trì mhuillionan ann am pailteas 's ann a' combhfhurtachd. Tha fearann fada, farsainn, iongantach freagarrach air son treabhaidh agus ionaltraidh, ri taobh nan aibhnichean, air na réidhleanan, 's anns na glinn.

A staigh 's an dùthaich, a' dol deas o Bhàgh a Phailteis, tha lochan tethe Rotorua, a tha, leis an tìr timchioll orra, air am meas mar aon dheth na ceàrnan a 's comharraichte th' air uachdar an t-saoghail, a réir teisteis Hochstetter agus luchd turuis eile. Ann an taobh deas na mòr-roinne, agus faisg air meadhon an Eilean a Tuath, tha 'n loch Taupo, mu chuairt air ceithir fichead mìle timchioll. Tha 'uisgeachan ciùin fathast neo-ghluaisit' ach le coitean cladhaichte prìomh-mhuinntir na tìre a tha ni 's lionmhoir' anns a' cheàrn so, na ann an àite sam bith eile. Air taobh deas Thaupo, tha dùthaich fhiadhaich agus bheanntach a tha fathast air bheag tathaich le European-ach. Ann a' so, tha beinn athach Ruapehu, 'tha 'g éiridh suas gu àirde 9000 troidh, agus beinn theinntidh lethbheothail Thongariro, tha mu chuairt air 7000 troidh. 'S anns a' cheàrn so a tha a' *Waikato* 'tha ruith a tuath troimh loch Taupo, a tòiseachadh, cho math ri ìomadh abhainn eile dheth 'm beil cuid a' dol an ear a dh-ionnsuidh *Hawke's Bay*, agus cuid eil' a' dol gu Caolasan *Chook* air an taobh an iar dheas.

Mu 'n cuairt a leth-cheud mìle 'n ear o *Auckland* thigear gu Gleann Thames, agus tìr Choromandel. Tha anns an earrann so mòran a dh-fhearann treabhachail, agus mar an ceudna d' fhiodh feumail, ach tha oidheirp a chuid a 's mò dheth 'n t-sluagh a th' ann air a buileachadh air togail an òir, air am beil iad a' deanamh mòr phàidheadh. 'S e prìomh-bhaile na tìre so, *Shortland*, anns am beil maille ri *Grahamstown* mu chuairt air 7000 anam. As a sin theid sinn gu Bàgh a Phailteis anns am beil ceud gu leth mìl' a leud, agus e 'dol leth cheud no trì fichead mìle 'staigh anns an fhearann. Tha sluagh air seilbheachadh beagan àiteachan air oirthir a bhàigh, agus tha mòran fearainn so-threabhaidh ann. Tha 'm bail' àraidh ann an àit iongantach grinn ris an abhair Tauranga, a thig, a réir coltais, gu bhì 'n a phrìomh-bhaile na dùthcha timchioll, a chionn an acairseid a bhì anabarrach sàbhailte. Air teachd timchioll a' Rudha 'n Ear (*East Cape*) far am beil an tìr gle bheanntach, tha Turanga, deth 'n gairnear gu coitcheonn Bàgh na Gainne. Fhuair e 'n t-ainm mi-shealbhar so-cha robh ainm eile bu mhi-fhreagarraich—o Chaiptein *Cook*, do bhrìgh gu-n d'

fhairtlich air lòn fhaghainn do 'n luing ann. Tha e 'n a àit àillidh, le sruthan soilleir, séimh, agus àileadh taitneach. Tha mòran a dh-fhearann torach 's a' roinn so, agus cuid dheth a nis ann a' seilbh Europeanach a tha 'suidheachadh ann gu dlùth. Tha bail' air a stéidheachadh ann do 'n ainm Gisborne, a tha 'tighinn air aghart gu bras, a chionn an acairseid a bhi fìor fhreagarrach air son soithichean beaga, ged nach 'eil i uile gu léir mar sin do loingear mhòra. As a sin tha bàta-toite 'seòladh gu riaghailteach gu ruig Napier ann am mòr-roinn *Hawke's Bay* (100 mìle).

Tha *Hawke's Bay* 'dol gu math fad a staigh 's an fhearann, agus mòran aibhnichean a' dol ann, mar a ta 'Wairora a tha so-sheòlaidh fad mhìltean, a' Nguraroro, an *Tuki-Tuki*, &c. Air bruachan nan aibhnichean sin, agus iomadh sruth eile, tha mòran a dh-fhearann so-threabhaidh, am feadh a tha na maghan faisg air Napier, prìomh-bhaile Mòr-Roinn *Hawke's Bay*, mu chuairt air 90,000 acair. Tha cuid mhòr dheth so air àiteachadh, agus pàirt mhath dheth iar iomdhruideadh 's iar a chur fo fheadh Bhrèatainneach. Tha mòran calaidhean agus malairt air an toirt air aghart ann a Napier, 'n uair bheirear fainear meudachd an àit agus gainnead an t-sluaigh anns an dùthaich, a tha, ach a mhàin na maghan a chaidh ainmeachadh, air a seallbhadh le caoraich. Ach 'n uair a lionmhoraicheas an sluagh ann an sin 's 'an àitean eile, bi 'dh earrannan mòr' air an togail air son tuathanais. Tha carbadan a' ruith air iomadh dheth na deagh rathadan a th' anns a' mhòr-roinn so; agus a nis tha carbad a' siubhal eadar Napier agus Loch Taupo ann am meadhon an eilean. Agus tha dòchas gum bi rathad iarunn ann an ùine ghoirid a' comh-cheangal Napier ri tìr bheartach *Waipukurau*, a tha dà fhichead mìle 's a cuig o chéile, agus an taobh a staigh do bheagan bhliadhnaich, gu-n deanair a' rathad sin gu *Wellington*, dà cheud mìle.

As *Hawke's Bay* thigear air adhart gu Mòr-roinn *Wellington*. 'S e *Wairarapa*, air an taobh an ear, carrann a 's fheàrr dheth a' roinn. Ann an sin tha iomadh frith-bhaile 'g éiridh suas—*Masterton*, *Featherston*, *Carterton*, agus *Grey Town*. 'Tighinn a nuas leathad Ghlinn Hutt, le 'lios an 'us 'àiteachadh grunn, ruigear acairseid òirdheare tìr-dhruidte *Wellington*, naoi mìle timchioll, a tha 'n a ionad-tearmuinn o na stoirmean làidir a tha air uairibh a' séideadh 'an Caolasan *Chook*. Bha baile *Wellington*, anns am beil le fho-bhailtean 10,000 anam, air a stéidheachadh le Coirneal *Wakefield* agus Comunn *New Zealand* anns a' bhliadhna 1840. Tha e 'n a laidhe air taobh an iar na h-acairseid. 'S e nis àite-suidhe Flaitheachd na roinne, 's tha mòr mhalairt air a toirt air aghart ann. Cosmbuil ri *Auckland*, tha laimhrig ann a tha freagarrach air son loingear deth luchd 's am bith.

Tha bùthan, 'as taighean òsda greadhnach ann, agus mar an ceudn' aitreibhean aithnichte mar tha iad sin a th' air son na Comhairle Lagh-thabhairteach, agus Taigh nan Rìochdair. Tha 'theachd air adhart air a chunail air ais, a chionn nach 'eil mòran a dh-fhearann treabhachail dlùth dha, 's mar an ceudna nach 'eil fosgladh d' a ionnsuidh tro 'n tìr mhonadail a th' air a chùlaobh. Tha 'n duilgheadas so gu mòr air a coinneachadh le deagh rathadan a dh-ionnsuidh a' Hutt agus *Wairarapa* air aon taobh, agus gu *Wanganui* air an taobh eile. Tha carbadan a' ruith gach lath' orra sin; agus 'n uair dh' fhosglair a' rathad iarunn ann, gheibhear buaidh air gach grabadh a dh-ainmicheadh.

Tha 'n dùthaich o *Wellington* gu *Wanganui* gle thorach, agus mar sin ro fhreagarrach air-son tuathanais, a tha air a toirt air aghart gu ìre mhòr ann a *Manawatu* (70 mìle o *Wellington*), *Rangitikei*, *Turakina*, agus *Wanganui* (120 mìle o *Wellington*). Tha mòran a bhailtean beaga 'g an cur suas 'an so, agus ma ruigcas luchdimrich mar tha dùil, cha-n 'eil teagamh nach bi iad sin 'n am bailtean mòr-shluaghach ann an ùine ghoirid. 'Se *Wanganui*, a th' air a shuidheachadh air abhainn mhòr, so-sheòlaidh dheth 'n ainm sin, a tha ruith a chuid a 's mò dheth 'cùrsa troimh fhearann treabhachail, prìomh-bhaile na h-earrann sin. Faisg air màthair-aobhair Abhainn *Mhanawatu*, agus a' sgaoileadh a mach a dh-ionnsuidh réidhleinean *Ruataniwha* ann am mòr-roinn *Hawke's Bay*, tha farsuingeachd anabarrach a dh-fhearann coillteachail ris an abrar gu cumanta Doire 'n dà fhichead mìle (*Forty-mile Bush*). O chionn ghoirid, cheannaicheadh mòran mhiltean acair fhearainn o phrìomh-mhuinntir an àite; agus do bhrìgh gum beil rathad mòr a nis 'g a dheanamh troimh 'n choille, cha-n fhada gus am bi am fearann so fosgailte air son 'àiteachadh. Cha-n 'eil mòran ionadan a 's freagarraich air son luchd-imrich gnìomhach agus misneachail na 'cheàrn fharsuinn, thorach so.

Ni 's fhaide suas an t-oirthir an iar, agus thigear gu mòr roinn beag ach tarbhach agus deagh-uisgichte *Tharanaki*. 'S e *New Plymouth* a phrìomh-bhaile. O 'n chriochnaicheadh a nis an cogadh a rinn mor mhilleadh air an earrann so, tha dòchas gu-n dòirt luchd-imrich ann gu pailt. Ann an so tha Beinn Egmont le 'crùn sneachda, 'g éiridh suas as a' chuan gu àirde 8500 troidh, 's a bonn còmhdaichte le coilltichean òirdheare, a' nochdadh dealbh mais' agus mòrachd nach 'eil a leth-bhreac ach ainmig ri fhaicinn. Ni 's fhaide tuath fathast, agus an déigh cuairt a chur air an Eilean a Tuath, thigear gu earrann rud-eiginn cumhang agus garbh eadar a' *Waipa* a tha gu h-àraidh 'deanamh suas Abhainn *Waikato*, agus a' muir. Tha dhà no trì dh'acairseidean gle mhath ann a' so, ach cha do thogadh am fearann fathast le 'bheag a shealbhadairan.

Theid sinn a nis thairis air Caolasan *Chook* chum an Eilean a Deas. Tha Mòr-roinnean *Nelson* agus *Mharlborough* 's a' cheàrn a tuath dheth. B' ann an *Nelson* a rinn an Comunn *New Zealand* aon dheth 'n ceud àiteachas, ach o iomadh aobhar cha robh 'theachd air aghart ach gle athaiseach. Tha farsuingeachd a dh-fhearann treabhachail mu 'n cuairt do Richmond, *Waimea*, *Mhotueka*, agus *Chollingwood*, gidheadh cha-n 'eil e cho freagarrach airson gabhailean-fearainn ri cuid eil 'a dh-àitean ann an *New Zealand*. Tha baile *Nelson* (le 5600 anam—ceud gu leth mìle o *Whellington*) air a shuidheachadh gu h-àluinn air a' Bhàgh Dhall (*Blind Bay*). Cha-n 'eil méinn-shlochdan guail, 'us dathan, 'us copair, gle fhad uaith so, am feadh a tha na h-urrad a dh-òr iar fhaotainn beagan an iar air, agus ri taobh aibhnichean Bhuller agus *Ghrey*. 'S ann a' so 'tha fo-bhailtean. *Charleston* agus *Westport*. Tha 'n dùthaich gle gharbh agus monadail ann a ceann a deas na roinne ged tha earrann mhòr 'n a laidhe 'n ear 's air uisgeachadh leis an abhainn *Dillon*, ana-barrach freagarrach air son chaorach. Tha mor-roinn *Mharlborough*, dheth 'm beil *Picton*, le 'sheachd ceud anam, 'na phrìomh-bhaile. Gheibhear a chuid a 's fhearr dheth 'n mhòr-roinn ann an còmhnardan *Wairau*, faisg air baile *Bhlenheim*. A tuath air na còmhnardan sin, tha 'n dùthaich gle gharbh, 's air a h-eagachadh le acairseidean 'us camusan dheth na h-uile meudachd 'us cumadh. 'S e 'm prìomh àite dhiubh so Caolas Ban-rìgh *Charlotte* (*Queen Charlotte's Sound*) le 'dhol a staigh dùbailte, a' ruigheachd cuig mìle fichead 's an fhearann, 's air a chuairteachadh le aonaichean coillteach.

Tha sinn a nis air teachd chum an earrainn mheadhonaich 's an Eilean a Deas. Mòr-roinn òirdhearc *Chanterbury*, a shuidhicheadh le luchd-imrich Sasunnach, 's a' bhliadhna 1850. 'S e 'n cala sònruicht a th' ann *Lyttelton*, air a thogail air caolas 'tha beagan a tuath air Dòrlinn Bhanc. Tha 'n acairseid ann a' so gle shàbhailte, ged nach 'eil i buileach cho math riu sin ann a *Wellington* agus *Auckland*. Chaidh laimbrìgean a thogail ann air son goireas luchd-malairt. Air cùl a bhaile, tha aonaichean corrach air am faighear thairis air rathad cas, sniomhanach, a bharr air rathad-iaruinn a tholladh trompa gu *Christchurch*, prìomh-bhaile na mòr-roinne, anns am beil le 'fhrith-bhailtean trì mìle deug anam. Tha e air a thogail air bruachan na h-aibhne *Abhon*, dlùth air *Heathcote*. Tha féiltean air an cumail ann gu riaghailteach, agus deagh shràidean air an soilleireachadh le *gas*; agus cha-n 'eil teagamh sam bith nach bi 'cho-cheannachd air a meudachadh le na rathadan-iaruinn a tha nis a' dol uaithe gu iomadh àite. Tha mòran bhailtean air na còmhnardan, 's air an oirthir, ach 's iad *Kaiapoi*, Rangiora, agus Timaru le chuig ceud deug sluaigh, a 's sònruichte dhiubh. Tha tomhas mòr a

dh-fhearann treabhachail ri slios na mara, ach tha 'chuid a 's mò dheth na réidhleinean, a tha m' a chuairt do thrì muillionn acair, air a ghabhail air son chaorach. Cha-n 'eil a bheag a dh-fhiodh 'an so ach na chaidh a phlanndachadh. 'S e cnap-starraidh eile th' air an àit, an àireamh mhòr a dh-aibhnichean bras, agus, uime sin cunnartach, a tha ruith a nuas o na beanntaichean uaibhreach tarsainn nan còmhnard, mar a ta '*Hurunui* 's an àirde tuath, an *Courtenay*, a' *Rakaia*, an *Ashburton*, agus a' *Waitaki* 's an aird a deas. Ach tha modhan agus meadhonan air an cleachdadh gu lughdachadh nan cunnart 's nan cnap-starradh sin, 's faodar, gus am bi gach grabadh dhiubh sin air an toirt as an rathad, fiodh gu togail aitreibhean agus challaidean fhaighinn as na coilltichean a tha còmhdachadh earrainn mhòir dheth Dòirlinn Bhaine. Air an aobhar sin tha 'n dòirlinn so 'n a ceangaltas luachmhor do n' mhòr-roinn, agus gu h-àraid a chionn gum beil iomadh acairseid shàbhailt innte. Tha iomadh àiteachas soirbheasach air an suidheachadh 's an dòirlinn so, agus a thuilleadh air a' mhalairt fhiodh' a th' air a toirt air aghart innte, tha mòran connaidh, éisg, mheas, agus luibh, air an giùlan aisd' a dh-ionnsuidh *Lyttelton* agus *Christchurch*. Tha dùthaich mhòr a dh-fhearann ro fhreagarrach air son spréidhe 'n ceann a deas na mòr-roinne, ri slios Cladaich nan Ceithir-fichead mìle 's a deich (*Ninety-mile Beach*). 'An so 's 'an sud tha ceudan acair a dh-fhearann treabhachail faisg air bailtean Timaru, Geraldine, &c.

Cha-n 'eil ach beagan ri ràdh mu mhòr-roinn *Westland*, stiall fhada dùthcha air taobh an iar an Eilein, le àileadh rud eiginn àitidh. Cha-n 'eil teagamh nach 'eil fearann math treabhaidh 's na gliinn a tha dol suas chum nam beann cas, ach a dh-aindeoin sin, cha-n e *Westland* àit a 's fearr air son tuathanais. Gidheadh, bi 'dh beagan a luchd-imrich air an fàilteachadh, agus gheibh iad obair gu leòr a' furtachadh le luibhean agus toradh fearainn air a' mhòr shluagh a tha togail an òir,—ceàird a tha o chionn iomadh bliadhna air a cur air aghart le buannachd mhòir, agus a tha fathast a' mairsinn 'n a prìomh obair na dùthcha. 'S e so a thàlaidh uibhir shluaigh, agus a bhrosnuich iad gu steidheachadh bhailtean mar a ta *Hokitika* le 'thrì mìl' 'us shea ceud anam, *Greymouth* le 'dhà mhil' 'us dhà cheud, Ross, &c., bailtean nach robh air an dealbh o chionn bheagan bhliadhnachan. Air an aobhar so, mheasadh iomchuidh na h-earrannan a tha 'n iar air na h-Alpa Deas a chomharrachadh mar roinn cadar-dhealaichte bho *Chanterbury*. Tha na h-Alpa Deas sin a' tòiseachadh aig a' cheann a deas dheth Mòr-roinn *Nelson*, agus a' sìneadh a mach ri slios *Chanterbury* gu Otago, 's iad dà cheud mìl' air fad, agus leth cheud mìl' air leud. Tha mòran a bhìdeinean nam beann sin a' ruigheachd gu àird anabarraich, o ochd mìle gu ruig

deich mìle troidh, agus iad air an còmhdachadh le sneachda sior-mhaireannach. Tha Beinn *Chook* trì mìle deug troidh air àirde.

'Na laidhe air taobh deas *Chanterbury* tha Mòr-roinn fharsuing Otago, a tha ni 's mò na leth Alba, agus ann an iomadh dòigh co-chosmhail ann an cumadh 's 'an dreach nàdurra. Ann a' so, mar anns a' chuid eile dheth 'n Eilean a Deas gu cumanta, 's e 'n taobh an ear ri slios a' chuain, gu mòr a' s grinne dheth 'n dùthaich. Tha mòran a dh-earrannan torach, freagarrach air son treabhaidh agus spréidhe, le pailteas coille 's uisge 's an roinn so; 's chithear iomadh baile 'g éiridh suas gu soirbheasach 'an so 's 'an sud; agus am feadh a tha cuid mhath dheth 'n dùthaich air a sealbhachadh le luchd-imrich, tha fathast mòran fearainn ri 'shuidheachadh. Faisg air a' cheann a' tuath dheth n' roinn tha port àdhmhor Oamaru, tha comharraichte air son a chlachan togalach huachmhor, dheth 'm beil mòran air an giùlan gu àitean eile, cho math ri toradh na dùthcha. A deas air so tha Dunedin, prìomh bhaile na roinne, le 'dhà mbil' ar fhichead sluaigh. Tha e air a shuidheachadh aig ceann loch' a tha fòghnadh air son acairseid, mu chuairt do naoi mìle bho Phort Chalmers, far am beil cala 'tha làn fhreagarrach air son nan long a' s mò, 's mar an ceudna long-amar (*graving dock*). Cosmhail ri prìomh-bhailtean eile *New Zealand* tha iomadh aitreabh grunn ann, mar a tha taighean tasgaidh airgid, taighean litrichean, eagluisean, agus sgoilean. O chionn ghoirid, bha àrd cholaisde air a shuidheachadh ann, le ceathrar a dh-àrd luchd teagaisg nach toireadh mi-chliù air taigh foghlaim 's am bith. Tha slighe fhosgailt air a cumail suas le bàtaichean-smùide, agus soithichean eile, eadar Dunedin agus Port Chalmers; ach tha rathad-iaruinn a nis 'g a dheanamh ann, 's bi 'dh e air fhosgladh 'an ùine ghoirid. Tha deagh rathadan mòra troimh 'n carrann an ear dheth 'n Roinn, agus air cuid dhiubh tha carbad a' siubhal gu riaghailteach gu Oamaru, agus o sin gu *Christchurch*, agus gu *Queenstown* air Loch *Wakatipu*, agus gu àitean eile. Ann an Dunedin tha malairt mhòr a th' air a brosnachadh leis an òr a fhuaradh a mach ann 's a' bhliadhna 1860. Bha 'leithid a' bhuanachd a' sruthadh o chladhach an òir, 's gu-n do thàlaidh sin àireamh mhòr shluaigh o na h-uile ceàrn, ach 's e Albannaich gu mòr a' s pailte th' ann fathast. Uaith so bha iarraidh air gach seòrsa toraidh talm hainn, agus bathair eile 'ghabhadh reic, 's mar sin dh' éirich prìs fearainn timchioll Dhunedin, agus thàinig sealbhadairean talmhainn gu bhì ann an inbhe shona.

Tha 'n an laidhe 'deas air Dunedin earrannan grinne Thaieri agus *Thokomairi* air an deagh lionadh le sluaigh, agus air an deagh àiteachadh. Tha moran aibhnichean 's an tìr so, ach 's iad an Thaieri agus an Clutha a' s mò dhiubh. Tha 'n Clutha

'ruith o Lochan *Wanaka* agus *Wakatipu* 'n a dà bhuinne, agus an déigh cùrsa dhà cheud gu leth mìle, tha i 'dol 's a' mhuir aig *Molyneaux*. Do bhrìgh gum beil i cho bras-shiùbhlach, cha-n 'eil i deth mhòr fheum gu giùlan ni sam bith oirre.

Ni 's fhaide 'deas 's thigear gu carrann *Southland*, le 'phrìomh-bhaile Inbhercargill anns am beil dà mhil' anam. Cha-n 'eil an t-àileadh 'an so cho fìor thaitneach, gu h-àraid teann air Caolasan *Foveaux*, ach tha e ni 's fhearr 'am bràighe na dùthcha. Tha earrannan mòr 'an so deth dheagh fhearann treabhachail, a th' air an àiteach le comunn co-phàirteach a tha 'g oibreachadh le croinn-thoite, 's innealan ùr' eile. Tha 'n dùthaich air a deagh uisgeachadh le iomadh abhainn 'us sruth a tha ruith gu Caolasan *Foveaux*. Tha 'leth an iar dheth 'n Roinn 'n a thìr gle fhiadh-aich, mbonadail, làn lochan uisge, 's tha 'oirthir iargalt' air cadar-sgaradh le frith-mhuirean deth dhòimhneachd mhòir. Cha-n 'eil loingear ach gle ainmig a' tadhal na h-oirthir so, mur bi iad air am fuadach thuice le fàl-aimsir; no air uairibh 's an dol seachad gu'n téid iad gu tìr ma bhios easbhuidh uisge no sparran orra. Chaidh àiteachas a chur suas o chionn ghoirid aig Bàgh Mhàrtuinn, 's an àirde 'n iar-thuath, far an d' fhuaradh talamh bh' air a shruth-iomain o na beanntaichean, 's e pailt deth choille fhreagarraich air son long-thogail.

Air an taobh eile 'Chaolasan *Foveaux* tha Eilean an Stiùbhardaich, mu mheudachd té dheth siorramachdan mòra Shasuinn. Tha e gu domhain air eagachadh air an taobh an ear le Fosgladh a Phatersonaich, aon dheth na h-acairseidean a 's sàbhailt ann an *New Zealand*. Ged tha farsuingeachd mhòr a dh-fhearann spréidhe, 's a ghlinn thorach 's an eilean so, gidheadh cha-n 'eil dad a bhailtean beag no mòr air an cur suas ann fathast.

V.

IONMHAS MEINNEACH.

THA ionmhas mhèinntean *New Zealand* gle mhòr. Chaidh ionradh 'thoirt mar tha mu thogail an òir ann an caochla dh' earrannan dheth 'n dùthaich. Dhearbh iad sin mar thà 'bhi gle luachmhor; 'us fhuaradh asda roimhe so cho math ri Cuig muillion fhichead punnd Sasunnach—£25,000,000, agus tha iad fada bho bhi air am falmhachadh. 'S i barail an Ollaimh *Hector*, Fear-treòraichidh a Chomuinn *New Zealandaich* a tha 'g iarraidh eòlais air gnè na cruinne, nach d' rinneadh fathast ach uachdar an talmhainn a sgrìobadh. Tha m' an cuairt air

15,000 a mhiltean ceithir-chearnach fearainn anns an Eilean a Deas 's am beil an t-òr air fhaotainn, a' dol troimh Otago agus *Westland* gu Mòr-roinn Nelson. Cha-n 'eil faisg air uiread so 's an Eilean a Tuath, oir cha d' fhuaradh òr ann fathast cho pailt 's gum pàidh e saothair a thogail, ach ann an talamh Thames agus Choromandel a mhàin. 'S an Eilean a Deas tha e mar a 's tric air fhaighinn ann an talamh bh' air a shruthiomain o na h-aonaichean. 'S an Eilean a Tuath 's ann an cloich éiteig a gheibhear e, 's feumaidh e bhi air a bhleith aisde le muilltean a chaidh chur suas le Comunnan co-phàirteach.

Fhuaradh airgiod ann an iomadh àit, ach cha-n urrainear mòran a ràdh fathast mu dhéighinn a phailteachd. O chionn ghoirid fhuaradh iarunn geal no staoin ann mar an ceudna.

Tha pronnasc ri fhaighinn gu pailt 'an iomadach earrann dheth an Eilean a Tuath, gu h-àraidh faisg air lochan tethe Rotorua, agus anns an Eilean Bhàn 'am Bàgh a Phailteis. Tha tomadan beaga dheth *manganese*, dathan, airgiod-beò agus luaidhe, ri 'm faotainn, gu sònraichte 's an Eilean a Deas. Tha 'choltas gum beil iarunn pailt ann am mòran àitean. Air an oirthir an iar dheth an dà eilean tha mòr phailteas a ghainmhich iarunn a dh-fhaodar a thionndaidh gu stàilinn deth 'n ghnè a 's fhearr. Tha copar air fhaotainn 'am mòr-roinn Nelson.

Tha gual anabarrach pailt anns a chuid a 's mò dheth *New Zealand*, ach cha-n eilear ag oibreachadh nam mèinn shlochd ach am beagan àitean fathast. Tha e dheth iomadh seòrsa, agus tha e air a losgadh aig na raointean òir, agus ann am mòran dheth na bàtaichean-toite th' air an oirthir, &c. 'S mar an ceudna tha e air a chleachdadh ann an teaghlaichean, gu h-àraid ann an Otago.

Tha clach-aoil, agus clachan air son togail thaighean air am faotainn 'an iomadh àite. Tha marmor, agus *granite* a chaochladh dhathan air am faighinn, gu sònraicht air oirthir an iar an Eilean a Deas. Tha mòran dheth na h-aitreibhean ann an *Auckland* air an togail dheth sgealban o Shliabh Eden, beinntheinntidh 'tha nis air dol as: ach tha clach-aoil air son thaighean, agus feuman eile thuathanach, an taobh a staigh a dh-astar cothromach do bhàtaichean, rathadan mòra, agus rathadan-iaruinn. Tha clach gheal Oamaru buileach iomraideach, agus tha moran dhith air a giùlan a dh-ionnsuidh iomadh àit ann an *New Zealand*, agus eadhon gu ruig Melbourne ann an *Australia*. Tha i air a gnàthachadh air son carraighean cuimhneachan mharbh, agus oibrichean grinnicht' eile. Faodar criadh-ghlaodh (*cement*) gle làidir a dheanamh dheth na clachan-glaodhaidh 'tha gle phailt, agus dheth stuth àraid a gheibhear aig na beanntan-teinntidh 'th' anns an dà eilean.

VI.

FÁS AINMHIDHEAN AGUS LUSAN.

DH' fhaoidte aire 'thabhairt do *New Zealand* mar fhearann a bha anabarrach falamb a dh-ainmhidhean gus an taobh a staigh do 'n chend bliadhna mu dheireadh. Tha e gle choltach nach robh beò-ainmhidh 'bhuineadh do 'n dùthaich, ach radain bheaga do 'n do chuir na radain Europeanach as, agus coin fhiadhaich a bha réir barail air an toirt innte le na Maories, agus beagan a dhearcan-luachrach neo-chronail. Gidheadh, tha eòin gle lionmhor, agus tha cuid dheth an cruthan gu math neònach. Chaidh as do sheòrs' eoin athach, struth-chosmhuil (*ostrich-like*) agus tha seòrsachan eile 'teireachduinn gu bras mar a tha luchd-imrich a' faotainn air aghart. Tha seòrsachan eil' a 's feumail' air an cur 'n an àit le Cuideachdan a tha 'g an cur an null. Tha easagan (*pheasants*) agus cearcan-tomain gle phailt ann an coimhearsnachd *Auckland*, agus 'an cuid a dh-àitean eile. Fhuair a chuid a 's mò dheth eòin ceòlmhor Bhreatuinn gu ruig *New Zealand*; agus o 'n thugadh an ròcas ann o chionn ghoirid, bi 'dh na h-ionadan tàimh, gu h-àraid a chuid a th' air an cuairteachadh le craobhan, gu math coltach ri àrosan Breatuinneach. 'S gann a tha aobhar a bhi 'g ainmeachadh gum beil eòin-thaighe dheth na h-uile seòrs' ann an *New Zealand*, 's gum beil iad a' cinneachadh gu h-anabarrach ann. Gu fortanach cha-n 'eil nathraichean nimheil no biast dhochannach sam bith ann. Tha 'n tìr cho saor o 'n leithidean 's a tha Eirinn féin. Tha e gle choltach gu-n do bhàsaich na seòrsachan spréidhe 'thug *Cook* do 'n dùthaich; ach shiòlaich na mucan gu h-iongantach, agus ann ceàrnan iomallach gheibhear iad a' ruith fiadhaich, 's a' tighinn beò air bunan na rainich, 's cha-n ainmrig leo 'bhi giùlan air falbh uain òga.

Chaidh cunntas mhòr a dh-eòin-thaighe, agus cuid dhiubh dheth na seòrsachan a 's fhearr, a thoirt a staigh do 'n dùthaich o chionn bheagan bhliadhnachan. Phàidh na coigrich a tha nis a' sealbhachadh na tìre prìscan gle mhòr air son eich, buar, mucan, agus gu h-àraid air son chaorach, a thug iad cha-n ann a mhàin a Sasuinn, ach as na mòr-thùrean a 's ainneil' air son nan gnè a 's fhearr, mar a ta Rambouillet a bhuineadh do 'n Iompaire mu dheireadh a bh' air an Fhraing. Tha e nis dearbte gum beil an t-àileadh iongantach freagarrach a dh-ainmhidhean taighe, le cho bras 's a tha iad a' siolachadh, 's cho saor 's a tha iad o na tinneas do 'm beil iad buailteach 's an Roinn-Eorpa. Chaidh féidh mar an ceudna 'thoirt do dh-iomadach carrann

dheth na h-eileanan, agus tha iad a' soirbheachadh gle mhath annta. Gheibhear annta fòs maighichean agus coineanan, ach cha bhuannachd mhòr na coineinean.

Tha 'n t-iomlan a dh-aibhnichean *New Zealand* gle fhalamh dh'iasg, ach tha dòchas gum bi am bradan, 's am breac, agus caochladh sheòrsachan eil' a bhuineas do Bhreatuinn gle chumant' an ùine ghoirid ann. Bha mòran 'mhucan-mara 's a' chuan timchioll *New Zealand*, ach cha-n 'eil iad anise cho pailt 's a bha iad o chionn bheagan bhliadhnachan. Tha iomadh seòrs' eisg ann nach 'eil ri 'm faotainn 'am Breatuinn, agus iasg tana coltach ri leòbaig, agus mar an ceudn' iasg a tha m' an cuairt do mheudachd 's do chumadh sgadain, 's e 'dol fo 'n ainm sin. Tha eisirein, feusgairn, agus seòrsa giomaich gle lionmhor ann. Cha-n 'eil teagamh nach tig iasg-aireachd *New Zealand*, a bh' air a dear-mad gle mhòr 's an ùine 'chaidh seachad, ach a tha nis air a dion le reachdan laghail, gu bhì gle thoirteil.

Tha cuileagan tuilleadh 'us pailt, agus tha cuid dhiubh nach eil idir 'n an nàbuidhnean gle thaitneach. Ach le bhì 'tabhairt a staigh eòin, agus le dol air aghart àitichidh, cha-n 'eil teagamh nach tig iad gu bhì ni 's neo-dhraghaile. Tha connspachan aithnichte le 'n neo-làthaireachd, am feadh a ta àit 'us obair aig an t-seillein chumanta m' an cuairt a dh-iomadh fàrdach, 's mar an ceudn' anns na coilltichean, far am beil craobhan gu tric air an gearradh sios le 'n còsan 's an sgoltaidhean làn meala.

Bheireadh e 'mach cus rùim ann a leabhran mar so, na 'n tugamaid iomradh mionaideach air luibhean *New Zealand*, do bhrìgh gum beil am pailteachd 's an eugsamhlachd araon cho iongantach. Tha na beanntan, na còmhnardan, 's na glinn, gorm an còmhnuidh, 'chionn gum beil, a bharr air feurach, 'us lusan eil', os-cionn ceud seòrsa chraobh agus phreas ann. Tha aig coilltean *New Zealand*, o thiughad na preasarnaich, o mheudachd nan craobh, agus o eadar-fhigheadh nan iadh-shlat, seal-ladh air leth o choilltean Bhreatuinn. Tha 's a chuid a 's mò 'chaidh àiteachadh dheth 'n dùthaich, callaidean maiseach, mar a 's cumant' a dhroighionn, a th' air uairibh air eadar-mheasgachadh le miortal, ròsan, agus pris àluinn eile. 'S i 'n *Kauri* aon dheth na craobhan a 's luachmhoir ann an *New Zealand*, ach cha-n fhaighear a nis i ach anns an earrann a tuath dheth mòr-roinn *Auckland*. Tha feum mòr air a dheanamh dhith ann an togalaichean, am feadh a ta a bìth gle phrìseil ri 'malairt. Tha giuthas geal 'us dearg ri 'm faotainn gu pailt air feadh cuid mhòr dheth 'n fhearann, agus mar an ceudn' am puriri, a' matai, an totara, agus iomadh seòrs' eile. Leagadh, cuid dhiubh, sin anns a' robh ceud gu leth troidh air àirde, agus o ochd gu deich troidhean anns a chroislin (*diameter*), 's mar sin shaoileadh neach a chunnaic iad nach 'eil ann an craobhan



Bhreatuinn ach meanbhlach 'an coimeas riu. Faodar fiodh mhòrain diubh 'thoirt gu bhì anabarrach liomhaidh, agus tha e nis air a làmh-oibreachadh ann an àirneis taighe aron fheumail, agus dhreachail.

Tha iomadh gnè rainnich ann, o 'n t-seòrs' a 's lugha gus a' chraobh-rainnich 'tha fàs a suas gu ruig deich troidhean fichead air àirde; agus iomadh preas sgiamhach. Feumar a' lion fiadh-aich a thoirt fainear, gu h-àraidh mar ni luachmhor air son a mhalairt. Roimhe so, b' e n lion an ni dheth n robh prìomh-mhuinntir na dùthch' a' deanamh 'n cuid aodaich, am bratan, an liontan, 's am bascaidcan. Ach an taobh a staigh a bheagan bhliadhnachan, ged bha mòran dheth air a dheanamh 'n a ròpan, 's 'n a shreangan 's an dùthaich, bha ni bu mhò dheth air a chur, ann an tomhas air oibreachadh, do Bhreatuinn, far am beilear a' faighinn air o dheich puinnnd fhichead Shasunnach—£30—gu da-fhichead punnd 's a' dhà (£42) an tunna, a réir mar tha e air a dheasachadh.

A thuilleadh air craobhan 'us luibhean dùthchasach *New Zealand* féin, chaidh mòran eile 'thoirt a staigh á iomadh ceàrna dheth 'n t-saoghal. Fhuaradh á Australia na craobhan-bìthe gorm agus dearg, an acacia-craobh a bhuineas do 'n Eiphit—agus mòran eile, am feadh a ta 'chuid a 's mo dheth craobhan cumanta nan Eilean Breatuinneach air an cur riu o àm gu àm. Tha àit aig an darach, an uinnsean, an t-seileach, am fàidh-bhìle (*beech*) aig a' chritheann, 's aig a' leamhan ann an *New Zealand*. Ged nach 'eil iad sìor-uaine mar tha craobhan na dùthcha, gidheadh tha iad a' leantuinn ri 'n duilleach ni 's fhaide, agus tha iad a' fàs suas moran ni 's braise.

Tha measan gle phailt anns a chuid a 's mò dheth *New Zealand*, agus a' fàs ann a reir mar fhreagras iad do nàdur na h-carrann anns an cuirear iad. Tha meacanau 'us luibhean dheth gach seòrsa pailt ann, mar an ceudna, curranan, nèipean (dheth 'm beil deich tunnachan fichead gu cumant' a' fàs air acair, fhearainn), peasair, càl, curranan geala, uinneanan, agus buntàt anabarrach math. Dh' fheuchadh searbh-luibh a leanna ann (*hops*) gu soirbheasach, gu h-àraidh ann am mòr-roinn Nelson. Faodar a ràdh gu h-aithghearra, nach 'eil dad a thoraidhean lios ann am Breatuinn, mar a ta measan, fùraichean, agus luibhean, nach 'eil a nis 'an *New Zealand*, agus iad a' fàs ann mòran ni 's iomlaine.

A 's urrainnear an ni ceudn' a ràdh mu thoradh tuathanais. Tha cruithneachd (dheth 'm faighear o dhà cheud, gu dà cheud 'us fichead peic o acair thalmhainn), eòrn' agus corc a' fàs ann gu reachdmhor, a thuilleadh air cruithneachd Innseanach, a gheibhear 'an cuid a dh-àitean dheth 'n Eilean a Tuath. Ach cha-n 'eil treabhadh air a leantuinn gle mhòr ann fathast, do

bhrìgh cho gann 's cho costail 's a tha luchd-oibre, 's mar an ceudna 'chionn nach 'eil féilltean freagarrach ann air son reic mòran toraidh. Mar a 's mò' tha 'n luchd-imrich 'g an tabhairt féin suas do 'n dòigh chaitheamh-beatha so, agus mar tha 'n sluagh a' lionmhoireachadh, ni tha dòchas a bhios a sior mheudachadh leis a' mhodh a th' air a cleachdadh gu faighinn dhaoin' a null, 's ann gun teagamh a 's mò 'bhios a dh-aire air a leigeil air tuathanas. Bi 'dh na h-earrannan a 's fheàrr a tha nis fo chaoraich, agus gu h-àraid a chuid sin dhiubh 'tha faisg air bailtean, air an suidheachadh no air an reic air son an aobhair so, agus gabhalaichean cuimseach air an deanamh dhiubh, ged nach urrainnear air son beagan bhliadhnachan bàrr a chur annta gu riaghailteach mar nithear ann am Breatuinn. Agus cha-n 'eil teagamh sam bith nach fhaod duine stuam', dichiollach aig am bi 'dhà no trì 'dh' fhiceadan acair fhearainn air a challaid-eachadh, 's air a chur fo sheamraig, agus fo fheòir Shasunnach eile, beathachadh sona 'sholair dha féin 's dha 'theaghlach. Faodaidh duine sam bith 'thighinn chum an t-suidhichidh so leis an tuarasdal àrd a gheibh e 'n déigh ruigheachd thall. Agus cuidichidh na prisean a gheibh sealbhadairean fearainn air son feòla, o na comunnan a th' air cur suas a chum greidheadh feòl', iad, a dh-aindeoin na claon-bheachdan a th' aig cuid 'an aghaidh feòla th' air a gleidheadh ann am bocsachan staoine.

VII.

AOBHARAN MISNEICH DO LUCHD-IMRICH.

THA so 'g am threòrachadh gu radh gum beil moran talmhainn a nis air a chuir a mach leis a' Fhlaitheachd air son a shuidh-eachadh. Tha iomadh earrann dheth 'n talamh a fhuaradh ann an Doire 'n Dà fhichead mìle 'thugadh fainear mar tha, air a ghleidheadh air son ghabhaltasan sònruichte. Cha deach na riaghailtean a th' ann an comh-cheangal ris an fhearann sin, a dheanamh follaiseach fathast; ach tha e tuilleadh a 's coltach gur e 'm brìgh gum bi e air a bhàirigeadh aig prìs iosail as an acair, air dòigh gu-n téid a phàidheadh 'n a cho-earrannan an ceann gach ùin àraid. Tha rathadan mòr' agus rathadan-iaruinn gu bhì air an deanamh troimh 'n tìr, agus mar sin gheibhear gu leòr a dh-obair, agus duais mhath. Tha so fìor mu dhéighinn a chuid a 's mò dheth *New Zealand*, air sheol nach ruig neach air bith eagal a bhì air, ge b' e roinn do 'n téid e, nach fhaigh e obair 'us deagh dhuais, oir chaidh earrann mhòr dheth 'n mhuil-

lion punnd Sasunnach (£1,000,000) a thug a' Fhlaitheachd a mach air iasad a shònrachadh air son oibrichean dheth 'n t-seòrsa so.

'S e 'n ni b' fhearr do luchd-imrich a dheanamh, gu h-àraid do mhèud dhiubh 's aig nach 'eil airgid no ceàird shònraicht', a dhol gu obair, no muinntireas a ghabhail mar threabhaichean, no 'n an cibeirean, no 'n an luchd-riaghlaidh. Agus an deigh oibreachadh mar sin beagan bhliadhnachan, gleidhidh iad airgid ni 's leòr gu teannadh ri tuathanas dhoibh féin. Eadhon ged bhiodh beagan airgid aca 'n uair ruigeas iad thall, tha e rud-eigin amaideach dhoibh fearann a ghabhail air ball. 'S fhearr dhoibh an cuid airgid 'thoirt seachad 'an geall-ainmheich (*on mortgage*) 's gheibh iad o ochd gu deich puinnnd Shasunnach as a cheud 's a' bhliadhn' air a shon; no cuireadh iad e ann an taigh-tasgaidh airgid (*bank*) 's gheibh iad cuig puinnnd Shasunnach as a cheud. Ré na h-ùine so, faodaidh iad sealltuinn m' an cuairt, 's a bhi 'tìomsachadh eòlais a bhios feumail dhoibh; 's aig an àm cheudn' a bhi ri obair onorach 's am bith a thig 'n an rathad. Oir 'an sin, cho math ri àitean eile, tha obair sam bith ni 's fhearr no diomhanas tro 'n caillear airgid, 's troimh 'n ionnsuichear cleachdaidhean lunnach.

Tha 'n corr 'an comas muinntir aig am beil mòran airgid 'n an làimh, 's faodaidh iad a chur air riadh seasmhach, 'us deich puinnnd Shasunnach as a cheud 's a' bhliadhn' fhaighinn air a shon; no faodaidh iad fearann 'us luchd tuarasdail fhaighinn, agus cuide ri sin gnàth-eòlas. Ach tha gliocas 'us faicill buileach feumail 'n an cor-sa mar an ceudna 'n àm inntrigidh 'an còir-sheilbh ann an dùthaich anns am beil iad aineolach.

'S iad tuathanaich bheaga 'tha comasach air an obair féin a dheanamh gun bhi 'toirt duaise do sheirbhisch, seòrsa luchd-imrich a 's mò 'gheibh a bhuannachd o dhol gu ruig ùr-threabh-achas mar a ta *New Zealand*. Ann am Breatuinn tha aca ri cathachadh ri iomadh cruaidh-chàs, agus tha e duilich a thuigsinn, le bhi beachd-smuaineachadh air cho àrd 's a tha na màil a tha ri phàidheadh, o 'n choimh-shréip air son ghabhaltasan, agus mar tha costasan tuathanais a' sior-mheudachadh, cionnas a 's urrainnear beò-shlaint fhàsgadh á fearann a tha gle thric neo-thorach, agus mar an ceudna nach 'eil mòran dheth na sealbhad-airean a tha comasach air an fhearann a dheanamh beartach le mathachadh innleachdach, no le dòighean ùra tuathanais. Agus na tha teaghlaichean mòr aca, cia deacair 's a tha e dhoibh foghlum a thoirt do 'n clann chum an deanamh iomchuidh air son a dhol a mach feadh an t-saoghail. Le beagan atharrachaidh, tha na nithean ceudna fìor mu threabhaichean, oir feumaidh mòran dhiubh a bhi, a chuid a 's mò dheth 'n bhliadhna, deal-aichte o 'n teaghlaichean, a chionn nach 'eil taighean air an

ullachadh dhoibh am muigh le 'm maighistirean. Cha-n 'eil teagamh air bith nach feumair, 's a' cheud dol a mach, gleachd ri iomadh deuchainn ann an dùthaich choigrich; agus tha saothair agus sàrachadh dualach 'an sin mar tha 'm Breatuinn. Feumair a' chraobh a phlanndachadh mu 'n tionailear a toradh. Ach mar a ta craobhan a' fàs mòran ni 's brais' ann an *New Zealand* na tha iad ann am Breatuinn, mar sin faodar dachaidh shona, 's tuathanas bhuanachdail a chur suas thall ni 's luaithe na 'bhos. Is firinn dhearbhta gum faod duine stuama, dichìollach air bith, le beannachd an Tighearn air a shaothair, dachaidh shona 'chur suas ann an *New Zealand*, ach *feumaidh* e 'bhi stuam agus dichìollach. Gun teagamh air bith ni e so ni 's luaithe ma bheir e leis a dhà no thrì 'cheudan punnd Sasunnach, 's gu-n gluais e gu sicir 'n uair ruigeas e, a' seachnadh dhaoin' eas-onorach, agus slighean eas-onorach, agus gun bhi ann am mòr chabhaig a' dol a sàs ann an gnothuch air bith gus am bi e làn fhiosrach cìod m' am beil e. Ma 's fear teaghlach e, gheibh e 'mhic 's a nigheanan 'n an còmhnadh mòr dha. 'S urrainn e gu ìre mhath an cumail timchioll air ni a 's gann a ni e ann am Breatuinn: ach gu dearbh, o 'n neo-ionannachd anabarraich a th' eadar an sluagh 'n an gnè, 's e 's coltaiche nach cum e na nigheanan fada fo dhruim a thaighe; oir pòsaidh iad gle thràth, 's gheibh iad taighean dhoibh féin. Ach m' an tachair so, faodaidh iad, ma 's e sin an toil, muinntireas a ghabhail aig ochd gu dusan tasdan 's an t-seachduin, 's a h-uile costas ach aodach air am maighistirean. A 's airidh 'thoirt fainear nach 'eil boirionnaich aig uair air bith ri obair a muigh 'an *New Zealand* mar a tha iad gu tric 'am Breatuinn.

Cuirear a nis a sìos earrann a litir a fhuair sgrìobhadair an leabhraim so o chaileig a chaidh gu ruig *New Zealand* an uiridh, anns a luing *Halcione*:—"Bha turus-mara gle thaitneach againn a' tigh 'n a mach. . . . Bha pailteas a dh-aimsir ghairbh againn, ach cha robh gaillionn ann. Bha 'n caiptean gle chaoimhneil ruinn; cha-n e 'mhàin gu-n d' rinn e na h-uile ni taitneach, ach rinn e na bha 'n a chomas gu ar toileachadh. . . . Ràinig sinn *Wellington* ann an ceithir fichead là 's a cuig, agus bha sin air a mheas 'n a thurus a bha gle aithghearra. . . . 'N uair thàinig sinn air tìr ann a' Napier bha na h-uile ni goireasach romhainn; 's ghabhadh ruinn gu caoimhneil le na h-uile neach a bhuineadh do 'n Chomunn a chuir a mach sinn. . . . Cha d' fhuirich sinn ach aon oidhch' ann am Bùthan an Luchd-innich (*Immigration Barracks*) 'n uair ghabhadh sinn gu seirbhis, cuid anns a' bhaile agus a chuid eil 'a mach air an dùthaich. Chunnaic mi 'chuid a 's mò dheth na nigheanan uaithe sin, agus tha iad uile toilichte le 'n suidheachadh. . . . Tha mi 'smuaineachadh nach 'eil dad gu bacadh a chur air neach air

bith, a ni 'chuid a tha ceart, o fhaighinn air aghart gu sàr mhath ann a' so. . . . Faodaidh mi ràdh mu 'n dùin mi 'litir so, gum beil mi làn thoilicht' ann a' Napier. 'N uair 'thàinig mi air tìr, chuir àilleachd na dùthch' ioghnadh orm. Dh' iarrainn taing a thabhairt dhut air son mo chur gu ruige so; agus tha dòchas agam gu-n cuidich Dia leam, gu mo dhleasannas a dheanamh, air chor 's nach bi aithreachas ort air son gu-n do chuidich thu mi." Tha-n carrann a leanas o Iomradh Mhaighstir Cailean Allan, fear-ionaid Comuinn an luchd-oibre 'an Duncdin:—" Chithear o 'n fhreagairt a sgrìobh mi, gur iad sgalagan agus searbhantan theaghlach seòrs' air am mò 'tha dh' iarraidh anns a' Mhòr-roinn. . . . Tha-n t-aslachadh a 's maireannaich 's a 's déine a' tigh 'n a steach o 'n dùthaich air son searbhantan theaghlach agus banaraichean; agus shluigte suas àireamh air bith a bhoirionnaich a tha freagarrach air son seirbhis, aig tuarasdalan o Dheich puinnnd fhichead Shasunnach, gu Dà fhichead puinnnd Sasunnach 's a cuig 's a' bhliadhna." Dh' fhaidte 'ni so 'chaidh nis a ràdh mu Mhòr-roinn Otago, a chantuinn m' an chuid eile dheth *New Zealand*.

VIII.

SGOILEAN AGUS EAGLAISEAN, ETC.

ANNS na Mòr-roinnean air leth tha Reachdan Foghlum air leth mu nach urrainnear labhairt an dràs air fad. Ann an cuid dhiubh tha còmhndadh air a thabhairt do sgoilean dùthchasach agus ainmeannach, 'm feadh ann an cuid eile tha còmhndadh air a thabhairt do sgoilean dùthchasach a mhàin; agus tha na h-eaglaisean sin a th' air son sgoilean ainmeannach air an fàgail gu ullachadh a dheanamh air an son. Cho fad 's a 's fiosrach do 'n sgrìobhadair tha 'bheag no 'mhor a dh-fhàirinnean na diadhachd air an teagasg ams na sgoilean uile. Tha na sgoilean pailt cho lionmhor 's a dh-fhaidte gu reusont' a smuaineachadh. Tha chuid a 's mò dheth na bailtean ni s fhearr air am frithealadh le meadhanan foghlum na bailtean mòra Bhreatainn; agus tha eadhon na ceàrnan a muigh air an dùthaich an eatorras mhath air an riarachadh. Tha air uairibh dìth luchd teagaisg coimhliont' anns na sgoilean dùthcha, do bhrìgh gum beil daoine neo-fhreagarrach, a tha saoilinn gum faod neach air bith teagasg, 'g am faotainn féin air an ainmeachadh 's air an suidheachadh. Ach ceartaichidh na cùisean sin iad féin 'an ùine ghoirid, agus bi 'dh iad air an cuideachadh

le deanadas comuinn rannsachaidh na Flaitheachd. Tha colaisde, le ceathrar a dh-àrd luchd-teagaisg, air a shuidheachadh 'an Dunedin, 's ged tha e fathast a dh-easbhuidh na mòr chliù th' air colaisdean a tha ré ùin fhad air chois, mar a ta *Oxford*, agus Dun-Eideann, *Cambridge* agus Dublin, faodaidh 'n teagasg a bhi 'cheart cho coimhionta, cho fad 's a 's urrainn e bhi air a ghiùlan air aghart le cho beag a chothroman; ach cha-n fhada gus am bi sin air a cheartachadh. Faodaidh 'n colaisde so 'bhi fathast air uchd-mhacachadh, 's e sin air a cho-cheangal, ri àrd cholaisde *New Zealand*. Tha meadhonan sùrdail air an gnàthachadh cheana chum so a thoirt gu crìch, le Flaitheachd *New Zealand*. Mar riaghailt, tha 'n dream a chaidh gu ruig *New Zealand*, agus a bha 'n iomadh inbhe thairis air a chuid mhòr dheth 'n t-saoghal n-a 's fiosraich, 's n-a 's ionnsuicht, agus mòran n-a 's eudmhoir a thaobh shochairan foghlum, na àireamh co-ionnan a shluagh Alba 's Shasuinn. A' toirt fainear mar an ceudn, 'an sluagh measgaicht' a th' ann an *New Zealand*—Sasunnaich, Albannaich, agus Eirionnaich maille ris an àireamh th' ann á rioghachdan eile—tha bail' anns am beil m' a dhà mhil' anam, gle eugsamhuil ri baile dheth 'n mheudachd cheudn' ann am Breatuinn, far am beil an luchd-còmhnuidh dh' aon seòrs', 's air an lionadh le na h-aon bharailean, am feadh nach robh an leth riamh leth cheud mìle bho 'n dachaidhean. Tha sin air a dhearbhadh mar an ceudna leis an iarraidh th' air paipeirean 'us leabhraichean naigheachd dheth na h-uile seòrs'. A thuilleadh air an àireamh anabarraich dhiubh sud a tha dol a null a tìrean eile, tha aig *Wellington*, *Auckland*, *Dunedin*, *Christchurch* agus *Nelson*, am paipeirean làthail, seachduineach, agus dà uair 's an t-seachduin; agus mar an ceudna leabhraichean naigheachd mìosach, agus dà uair 's a' mhios. Eadhon tha paipeirean naigheachd air an clodh-bhualadh anns na bailtean a 's lugha.

Ann a labhairt air eaglaisean, faodair a thoirt fainear nach 'eil eaglais Stéidhicht' dheth seòrs' air bith ann an *New Zealand*. Tha iad uil' air am féin-chumail suas, ged tha iad air uairibh air an cuideachadh le comunnan ann am Breatuinn. Tha ann an *New Zealand* na h-aon eaglaisean ainmeannach 's a th' ann am Breatuinn, ach gum beil an Eaglais Chléireach, ged tha i fo dhà chruth-shuidheachadh, 'n a h-aon eaglais neo-phàirtichte ann an seadh. Tha 'n còrr a luchd-leanmhuinn aig an Eaglais Shasunnaich air feadh na tìre gu h-ìomlan, saor o mhòr-roinn Otago, far am beil luchd-leanmhuinn na h-Eaglais Chléireil mòran nì 's lionmhoire. Tha àireamh mhòr 'luchd-leanmhuinn aig na Uesleianaich, 's aig Eaglais na Ròimhe. Bhiodh e ion-mholta gum biodh an còrr a cho-fhulangas aig na h-eaglaisean Breatuinneach, 's gu-n tugadh iad nì 's mò 'chobhair dhaoin' 'us

airgid far am beil teachdairean ri bhì air an suidheachadh as ùr. Oir tha e mar a 's trice gle dheacair meadhonan nan gràs a chur suas ann an àitean mar sin, ged tha iad an eatorras mhath air an còmhaidh 'n uair thèid an cur suas, agus a fhrith-eileir iad gu glic. Os-cionn na h-uil' eaglais, bu choir do na h-Eaglaisean Albannach an corr gliocas, seasmhachd, agus fialachd, a nochdadh na tha iad a' deanamh.

Tha sgoilean-sàbaid soirbheasach ann an co-cheangal ris a chuid mhòr dheth eaglaisean *New Zealand*; agus tha iad sin, 'n uair tha iad air an riaghladh le gliocas 'us treòir, a' dol gle fhad ann an cur air aghart diadhachd agus beusalachd.

Tha mòran ni 's lugha 'ghnuimharan maslach a' dol air aghart ann an *New Zealand*, na tha 'measg an àireamh cheudna 'shluaigh ann am Breatainn, agus tha chuid a 's mò dhiubh sin ag éiridh suas o mhisg. Tha 'n lagh sìobhalt' agus peanasach ann am brìgh co-ionann riutha sin ann a Sasuinn. Air son chùisean ceartais, tha gach mòr-roinn air a cur a mach 'n a h-carrannan, agus aon dheth na Britheinnhean, dheth 'm beil cuig ann uile, a' gabhail a staigh a phrìomh fhìr cheartais, a' coimhid thairis air gach carrainn. Tha cùirt mhòr-fheara-dearga air a cumail ann an prìomh-bhaile gach mòr-roinn' air son dearbhadh le luchd deuchainn, chùisean a bhios tuilleadh 'us cruaidh air brìtheamhan nan cùirt a 's isle.

Cha-n urrainn mi ni 's fhèrr a dheanamh na na gearr-ìomraidhean so a cho-dhùnadh le bhì 'g ainmeachadh earrainn dheth òraid a labhradh ann an cruinneachadh follaiseach 'bh' ann an Lunnainn 's a bhliadna 1870:—

“B' e àireamh sluaigh *New Zealand* anns a bhliadhn' 1867, dà cheud mìle 's a h-ochd deug, 's tha ann a nis dà cheud 'us dà fhichead mìle. Toiseach an Earraich an uiridh bha sèa ceud 'us ceithir fichead mìle 's a seachd a dh-acairean fearainn fo bhàrr, agus tha aig na sealbhadairean naoi muillion eora, trì cheud mìle ceann cruidd, 'us trì fichead mìl' 'us a cuig a dh-eich. Tha sèa ceud inneal no muillean bualaidh aca, seachd ceud inneal buana, dusan erann-treabhaidh toite, agus ochd ar fhichead eliath-chliata toite. Tha iad a deanamh ceithir muillion punnd ime, agus muillion 'us trì cheud mìle punnd chàise, 's a' bhliadhna. Tha na beil iad a' cur thar euan a dh-òr a' tigh 'n gu dà mhuilleon gu leth punnd Sasunnach, a chlàimh, muillion gu leth, agus a bhathar eile, leth muillion. 'N uair bheirear faineur gum beil gach ni dhiubh sud air a ehur a làthair le dà cheud 'us dà fhichead mìle pearsa, tha e rud-eiginn do-chreidsinn, agus 'n a aobhar mòr dhòchais mu 'n tìr.”

Gun teagamh tha gach bathar dhiubh sud mòran ni 's pailte 'nis agus faodair an ni ceudna 'ràdh mu àireamh an t-sluaigh.

Os bàrr, thuirt Carl Ritter, cruinn' eòlaich' iomraideach, cho tràth ris a' bhliadhn' 1842, ann an cainnt dhealasaich, "Tha e gle choltach gum beil *New Zealand* air a sònrachadh roimh gach dùthaich eile gu bli 'n a màthair chinneach riaghailteach. Tha còmhnanan torach agus air an deagh uisgeachadh 'an sin, a' feitheamh 'n fhir àitichidh oidheirpich; tha 'fearann ùr air an cuir e suas a dhachaidh, 'n a thalamh air a bheannachadh le àileadh tlusail, air chor 's nach 'eil aig ach còmhrag ris an dìthreabh 's buadhachadh oirre, gu tional toradh neo-fhàillineach a shaothair."

Faodair aithris mar an ceudna o leabhar a sgrìobh Ferdinand von Hochstetter, sgoilear ro ainmeal Gearmailteach, 's a bhliadhn' 1867. Thubhair e, "Tha *New Zealand* a' giùlan a choslais a 's mò ris an dùthaich mhàthaireil,* le 'shuidheachadh eileanach, 'àileadh 'us 'uir, a chruth 's a chumadh. Tha e 'n a laidhe dh' ionnsuidh mòr-thìr Australia, mar tha Breatuinn a dh-ionnsuidh na Roinn Eorpa. Air a bheannachadh le àileadh fairgeach, ciùin, a tha cho freagarrach do dh-fhineachan Alb' 'us Shasuinn, &c.; le talanl torach air a dheagh uisgeachadh, agus anabarrach iomchuidh air son treabhaidh 's tuathanais—le oirthir iomagh-nèitheach a tha iomlan freagarrach ri beachdan 'us cleachd-aidhean prìomh mharaichean an t-saoghail; tha e 'n a thìr gun ainmhidhean cunnartach, gun luibhean nimheil, ach beartach ann an ionmhas mhèinn; tìr far an cinnich eich, buar, agus caoraich, 's far am fàs measan, siol, agus buntàta gu pailt; tìr air a sgeadachadh le uile thaitneasan agus dhreachan dealbh-choslas greadhnach agus nàdurra; tìr a tha comasach gu leòr air dà mhuillion deug sluaigh 'chumail suas—a tha gealltuinn do 'n fhear-imrich mhisneachail, agus oidheirpeach, àm ri teachd a bhios tarbhach agus dealrach—tìr, a réir coltais, a chaidh shònrachadh, roimh gach dùthaich eile, gu bhì 'n a ghineadair chinneach rianail."

* Breatuinn.

"FEARANN MATH, FEARANN SHRUTHAN UISGEACHA, THOBRAICHEAN AGUS DHOIMHNEACHDAN, A' THA 'G ÉIRIDH SUAS AIR FEADH GHLEANN AGUS AIR FEADH BHEANN: FEARANN CRUITHNEACHD AGUS EÒRNA, AGUS FHIONAINEAN, AGUS CHRAOBHAN ÈIGIS, AGUS PHOMGRANAT: FEARANN OLADH NA CRAOIBH-

OLAIDH, AGUS MEALA: FEARANN ANNS AN ITH THU ARAN GUN GHAINNE; CHA BHI UIREASBHUIDH NI SAM BITH ORT: FEARANN AIG AM BEIL A CHLACHAN 'N AN IARUNN, AGUS AS A BHEANN-TAIBH CLADHAICHEAR UMHA."

O 'n chuireadh an leabhran so 'an litir clòdh, fhuaradh a' litir a leanas o fhear-ionaid na Flaitheachd, 'an Lochailse:—

LOCHAILLSE, 30 Màrt, 1872.

A Shàir Urramaich agus Ionmhuinn,

Tha mòr thaitneas orm innse dhut gum beil litrichean a nis air teachd o gach làn neach dheth 'n luchd-imrich a chuir sinn an uiridh o 'n àite so gu ruig *New Zealand*, agus gum beil iad uil' a' còrdadh ann an comh-dhaingneachadh gach tuairisgeul fàbharach a thug thu dhuinn 'n a d' òraidean ciatach air an dùthaich sin.

Shaoileadh tu gu robh na sgrìobhadairean àrd-aoibhneach 'n uair bha iad ag aithris mòr àilleachd na tìre, iomadalachd a thoraidhean, fallaineachd 'àilidh, tarbhachd a thalmhainn, agus a fhreagarrachd air son cinneis gach seòrsa sìl, freumh agus meas' a tha taitneach agus beathachail, cho math ri beairtichead 'ionaltraidh tharbhach air son àraich gach gnè bhunair 'us chaorach.

Tha iad a' labhairt gu mòr mu cho pailt 's a tha iasg 'us eòin air 'oirthirean; a chluaintean gòrm, a choilltean rioghail, agus a bheanntan stacach, a cur 'n an cuimhne na dùthcha mhàthaireil, —a mhàin nach 'eil cuspairean agus seallaidhean nàdurra na tìre 'dh' fhàg iad ach meanbh-dhealbhann ann an coimeas riu sin a th' anns an tìr a roghnuich iad.

Cho-dhùininn o 'n tha iad ag aithris, gur beag nach builicheadh *New Zealand* na h-uile ni feumail air son tigh 'n beò ann am pailteas 's an toileachadh, 's nach robh an t-àileadh riamh gu mi-shuaimhneach teth, no aig uair air bith gu mi-thaitneach fuar ann. Tha mi 'làn chreidsinn o na tuairisgeulan 'thugadh seachad, gu-n cuir ceudan an céill fathast an taingealachd gu-n tainig tu riamh chum nan Garbh-chrìoch. Tha iadsan a dh-fhalbh uainn mar thà ag ràdh gum biodh an sonas ionlan na 'm biodh an càirdean maille riu far am beil mòr iarraidh air làmhnan togarrach, deagh thuarasdalann, 'us lòn saor 'us pailt.

Is mi, &c.,

F. D. MAC-DHOMHNUILL.

An t-Urr: P. Barclay,
'N Dunéideann.

Pàirt dheth litir a fhuaradh o cheann ghoirid ann a' Lochails' á *New Zealand*.

BAGH HAWKES, AN NEW ZEALAND,

an dara là deug deth cheud mhios a
Gheamhraidh, 1871.

A Shàir Ionmhuinn,

Tha mi 'sgriobhadh na litreach so gu innse dhut gum beil sinn uile slàn. Sgriobhainn do d' ionnsuidh ni bu luaithe, ach bha mi 'fantuinn gus am faicinn cia mar a chòrdadh an dùthaich so rium. Faodaidh mi 'nis innseadh dhut gu-n thionndaidh mi mo chùl ris a' bhochduinn an là dh' fhàg mi L——. Cha robh euslainte sam bith 's an luing ré 'n turuis—gaoth fhàbharach fad an aiseig, ach ceithir no cuig a làithean nach do choisinn sinn a bheag le droch aimsir—ceithir fichead là 's a ceithir o fhearann gu fearann. Bha aon nighean deug thiar fhichead air bòrd, 's cha luaithe 'ràinig sinn Napier na fhuair iad maighistirean, oir bha farraid gu leò orra. Phòs cuid dhiubh 'n ceann ceithir latha deug an deigh teachd air tìr. Ghabh mi féin muinntireas fad bliadhn' aig duin' uasal a tha mu leth-cheud mìle mach air an dùthaich. Tha mi 'faotainn leth-cheud punnd Sasunnach 's a dhà, le taigh 'us teine 's lòn; tha mo bhean a' faighinn fichead punnd Sasunnach air son nigheadaireachd, agus tha deich punnd fhichead Shasunnach aig a ghiullan Uilleam mo mhac, air son a bhi 'n a charbadair: tha sin ceud punnd Sasunnach 's a dhà th' againn 's a bhliadhna, maille ri ar beathachadh; ach tha Uilleam a' fuireach 's an taigh mhòr. Fhuair Niall 'us Donnachadh àitean am muigh air an dùthaich. Tha na boirionnaich a thàinig á Lochails' ann a' seirbhisean gle mhath. Tha cuig mìle deug caora, ceud mart bainne, ceud each, a thuilleadh air spréidh eil' air an fhearann air am beil mise. Tha i so 'n a dùthaich ro àillidh, thlusail agus bhlàth. Tha cothroman grinn' aig daoin' òg' air airgiod a dheanamh na 'n cumadh iad o dhibh làidir, a tha gle dhaor 'an so. Tha lòn m' an cuairt do 'n aon phrìs 's a tha e aig an taigh, a mháin gum faighear ceathramh muilt-fheola air son sea sgillinn air uairibh, no faodaidh e bhi sgillinn am punnd. Tha mi 'faighinn caora h-uile seachduin, dà chlach phlùir, cuig unnsachan *tì*, trì punnd shiùcair, agus pailteas buntàta 's bainne. Tha mi gle dhuilich nach tàinig mi 'n dùthaich so 'n uair bha mi 'n am dhuin' òg, agus tha mi 'n dòchas gu-n comhairlich thu do chuid deth m' chàirdean a thighinn a nall gun dàil.

'N uair 'bhios mo thim suas, cuiridh mi airgid thugad gus am pàidh thu na fiachan a th' orm thall. Tha mi 'n dòchas gu-n sgrìobh thu thugam cho luath 's agheibh thu 'n litir so. Tha mi' comb-dhùnadh le mo dheagh rùn dhut.

A. B.







